

Roghnaich thusa

Tha an stòras seo a' toirt taic do thidsearan agus proifeiseantaich a tha ag obair le daoine òga gus tuigse, sgilean agus com-pàirteachadh leis an teirm litearrachd phoilitigeach a leasachadh.

An t-Sultain 2016

Clàr-innse

Mun stòras seo	3
Dè th' ann an litearrachd phoilitigeach?	3
Bhòtadh is deamocrasaidh	3
Pàrlamaid na h-Alba	3
Loidhne-tim eachdraidheil.....	4
Siostam bhòtaidh Phàrlamaid na h-Alba	4
Àite a' Phrìomh Mhinisteir.....	4
Iomairt.....	4
BPAan.....	5
Pàrtaidhean poilitigeach	5
An co-theacsa poilitigeach.....	6
Riaghaltas ionadail	6
Pàrlamaid na RA.....	6
Pàrlamaid na Roinn Eòrpa	7
Cànan Pàrlamaideach	8
Abairtean cumanta sa Phàrlamaid	8
Deamocrasaidh.....	8
Dè th' ann an deamocrasaidh?.....	8
Còir bhòtaidh	8
Saorsa Chatharra	9
Buidhnean tagraidh.....	9
Riaghladh an Lagh.....	9
Deasbad	9
Goireasan deasbaid.....	9
Còmhradh	10
Àrd-sgilean smaoineachaidh agus seòrsachadh ath-nuadhaichte Bloom	11
Meadhanan sòisealta.....	11
Com-pàirteachadh	13
Dè th' ann an com-pàirteachadh?	13
Ionnsachadh proifeiseanta	13

Mun stòras seo

Tha na stuthan anns an stòras seo ag amas air comas proifeasanta a leasachadh ann an luchd-cleachdaidh, sgoiltean agus suidheachaidhean coimhearsnachd gus prìomh sgilean litearrachd phoilitigich a leasachadh agus a dhaingneachadh ann an daoine òga.

Tha an stòras a' toirt inntigeachd do phrìomh sgilean rannsachaidh is deasbaid, agus com-pàirteachadh ann an litearrachd phoilitigeach.

Tha stuthan bhùthan-obrach agus leughaidh ann cuideachd, a' toirt taic do leasachadh proifeasanta de sgilean litearrachd phoilitigich.

Feumaidh daoine òga pròiseasan deamocratach a thuigsinn agus feumaidh fios a bhith aca ciamar a tha na daoine a bhios sinn a' taghadh agus a tha gar riochdachadh aig comhairlean ionadail agus pàrlamaidean a' dèanamh cho-dhùnaidhean cudromach a bheir buaidh air cha mhòr a h-uile taobh de ar beatha làitheil.

Gheibhear an cothrom sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh ann an litearrachd phoilitigeach anns gach raon den churraicealam.

Tha an stòras seo a' toirt taic do luchd-cleachdaidh, sgoiltean agus suidheachaidhean coimhearsnachd a bhith a' meòrachadh air dè cho math 's a tha iad ann a bhith a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh an guth a chleachdadh, pàirt a ghabhail agus cur ri pròiseasan co-dhùnaidh a tha fìor agus brioghmhor.

Gheibh thu fiosrachadh air grunn raointean a ghabhas rannsachadh nuair a bhios tu ag ionnsachadh mu litearrachd phoilitigeach. Anns gach earrann tha goireasan a chaidh a mholadh agus ceanglaichean tar-churraicealaim mar eisimpleirean air mar a dh'fhaodadh luchd-cleachdaidh taic a thoirt do leasachadh litearrachd phoilitigeach san t-seòmar-sgoile aca.

Dè th' ann an litearrachd phoilitigeach?

Tha a' bhidio 'Dè a th' ann an litearrachd phoilitigeach?' a' mìneachadh na h-abairt, litearrachd phoilitigeach, agus mar a tha e buntainneach agus cudromach thar gach raon den churraicealam. Am measg nan daoine a tha a' nochdadh air, tha luchd-cleachdaidh a tha air taic a thoirt do leasachadh litearrachd phoilitigich, agus bho luchd-ionnsachaidh, air cho piobrachail agus tarraingeach 's a tha litearrachd phoilitigeach air a bhith dhaibhsan. Tha postair clas ma dheidhinn ri fhaighinn cuideachd.

Dè a th' ann an litearrachd phoilitigeach?: <https://www.youtube.com/watch?v=M0LU3HZCnS0&feature=youtu.be>

Bhòtadh agus deamocrasaidh

Tha fiosrachadh agus gnìomhan san earrainn seo a' toirt inntigeachd do dh'amasan agus obair Phàrlamaid na h-Alba agus prìomh bhuidhnean eile a bharrachd air pròiseasan bhòtaidh.

Pàrlamaid na h-Alba

Dh'fhosgail Pàrlamaid na h-Alba ann an 1999. Bidh i a' riochdachadh a h-uile duine ann an Alba agus a' coinneachadh ann an Taigh an Ròid, Dùn Èideann. Tha 129 Buill de Phàrlamaid na h-Alba (BPA) air an taghadh le muinntir na h-Alba. Faodaidh Pàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh mu raon de chùisean a tha cudromach do dhaoine ann an Alba.

Canar cùisean tiomnaichte riutha sin agus nam measg tha foghlam, slàinte, seirbheisean poileis is smàlaidh, tuathanachas agus coilltearachd agus na h-ealain. Tha cuid de rudan ann air nach urrainn do Phàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh, ris an canar cùisean glèidhte. Tha uallach air Pàrlamaid na RA airson nan cùisean sin a tha a' toirt a-steach lùth, dìon, sochairean agus cearrachas.

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' dèanamh sgrùdadh air na tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh. Is e Riaghaltas na h-Alba an riaghaltas ann an Alba air a h-uile cùis tiomnaichte. Tha Riaghaltas na h-Alba air a chruthachadh bhon phàrtaidh no pàrtaidhean poilitigeach leis an àireamh as motha de BhPA ann am Pàrlamaid na h-Alba. Canar Prìomh Mhinistear ri ceannard Riaghaltas na h-Alba agus stiùiriche poilitigeach na h-Alba.

Air làrach-lìn Phàrlamaid na h-Alba tha fiosrachadh agus goireasan a ghabhas luchdachadh a-nuas: dealbhan, filmichean agus bileagan mu obair Phàrlamaid na h-Alba.

Loidhne-tim eachdraidheil

Faigh a-mach mu dheidhinn, agus dèan rannsachadh air, prìomh thachartasan poilitigeach ann an eachdraidh na h-Alba thairis air na 800 bliadhna a dh'fhalbh, a' cleachdadh na loidhne-tim eachdraidheil.

Siostam bhòtaidh pàrlamaideach na h-Alba

Tha na 129 BPA air an taghadh fon t-Siostam Ball a Bharrachd (AMS). Tha an siostam seo a' cothlamadh dà shiostam bhòtaidh eile ris an canar an Siostam Liosta agus Siostam Mòr-chuid (a tha riaghaltas na RA fhathast a' cleachdadh).

Tha dà bhòt aig luchd-bhòtaidh an àite aon bhòt. Tha Bhòt 1 airson BPA Liosta Roinneil a thaghadh agus bhòt 2 air a chleachdadh gus BPA Sgìre-taghadh a thaghadh.

Bhòt 1: Tha Alba air a roinn ann an ochd roinnean; A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, Ear-thuath na h-Alba, Meadhan na h-Alba agus Fìobha, Lodainn, Ceann a Deas na h-Alba, Meadhan na h-Alba, Glaschu agus Taobh an Iar na h-Alba. Bidh gach sgìre a' taghadh seachd BPA Liosta. Tha seo air a dhèanamh le bhith a' cunntadh nam bhòtaichean airson gach pàrtaidh poilitigeach agus a' tionndadh ceudad nam bhòtaichean gu seataichean. Tha liosta de thagraichean aig gach pàrtaidh poilitigeach agus gach uair a thèid BPA a thaghadh, bidh am pàrtaidh poilitigeach a' taghadh an tagraiche aig mullach an liosta sin.

Bhòt 2: Tha Alba air a roinn na sgìrean eile ris an canar sgìrean-taghadh. Tha 73 ann gu h-iomlan agus tha gach sgìre-taghadh a' taghadh aon BhPA. Bidh luchd-bhòtaidh a' taghadh an tagraiche as fheàrr leotha agus bidh an tagraiche leis a' mhòr-chuid de bhòtan a' buannachadh.

Mar sin is e an àireamh iomlan de BhPA a thèid a thaghadh 129: 56 BPA Liosta Roinneil agus 73 BPA Sgìreil.

Àite a' Phrìomh Mhinistear

Tha am Prìomh Mhinistear na ceannard air Riaghaltas na h-Alba agus aig a' cheann thall tha uallach oirre airson a h-uile co-dhùnadh agus poileasaidh a bhios Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh.

Tha am Prìomh Mhinistear a' riochdachadh Alba anns gach raon tiomnaichte. Tha seo a' ciallachadh gu bheil dùil gum bi lèirsinn shoilleir aig a' Phrìomh Mhinistear taghte airson an dùthaich a ruith, co-dhùnaidhean a dhèanamh, agus poileasaidhean a dhealbhadh airson foghlam, slàinte, còmh-dhail, seirbheisean poileis agus smàlaidh, seirbheisean cloinne, tuathanachas, coilltearachd is mar sin air adhart. Tha e cuideachd an urra ris a' Phrìomh Mhinistear ceangal a dhèanamh ri Riaghaltas na RA a thaobh chùisean glèidhte leithid dìon agus sochairean.

Bidh am Prìomh Mhinistear a' cur sgioba de dhaoine an dreuchd gus obrachadh còmhla ris an canar an Caibineat. Tha Leas-Phrìomh Mhinistear ann agus tha uallach air gach neach a thèid a chur an dreuchd às dèidh sin airson raon sònraichte den riaghaltas agus canar Rùnairean a' Chaibineit riutha. Mar eisimpleir, tha Rùnaire a' Chaibineit airson Ceartas ann a tha os cionn siostam a' cheartais ann an Alba.

Tha am Prìomh Mhinistear cunntachail airson a h-uile co-dhùnadh a nì an riaghaltas. Tha seo air a dhèanamh cinnteach tro àm Ceistean don Phrìomh Mhinistear. Bidh seo a' tachairt eadar 12:00 agus 12:30 gach Diardaoin aig Pàrlamaid na h-Alba fhad 's a bhios a' Phàrlamaid ann an seisean. Cuiridh am pàrtaidh dùbhlanaich agus BPA eile ceistean air adhart mu chùis, lagh no poileasaidh sam bith airson am Prìomh Mhinistear a fhreagairt.

Tha am Prìomh Mhinistear cuideachd na neach eadar-nàiseanta, taghte gus Alba a riochdachadh aig Ìre eadar-nàiseanta agus co-obrachadh le ceannardan dhùthchannan eile air cùisean agus tachartasan eadar-nàiseanta.

Iomairt

Canar tagraiche ri neach a tha ag iarraidh a bhith na riochdaire taghte. Tha seo dìreach a' ciallachadh gu bheil iad airson a bhith air an taghadh gu dreuchd, mar eisimpleir, Ball de Phàrlamaid na h-Alba (BPA). Feumaidh tagraichean a bhith nas sine na 18, tasgadh a phàigheadh agus a bhith air an ainmeachadh le luchd-bhòtaidh san sgìre aca. Ged a tha e comasach do thagraichean seasamh leotha fhèin mar neo-eisimeileach, tha a' mhòr-chuid gan taghadh le pàrtaidh poilitigeach.

Gheibhear liosta de na pàrtaidhean poilitigeach a chaidh a riochdachadh ann an Taigh nan Cumantan eadar 2010 agus 2015 air làrach-lìn Pàrlamaid na RA¹.

Bidh pàrtaidhean poilitigeach agus na tagraichean aca a' cleachdadh raon farsaing de dhòighean airson luchd-bhòtaidh iompachadh gus bhòtadh air an son. Canar iomairt taghaidh ri seo.

Bidh gach pàrtaidh poilitigeach a' foillseachadh manifesto. Seo sgrìobhainn a tha a' mineachadh amasan a' phàrtaidh agus a' toirt mion-fhiosrachadh air na poileasaidhean aca. Faodaidh an luchd-bhòtaidh na manifestoan a leughadh, coimeas a dhèanamh eadar beachdan agus poileasaidhean phàrtaidhean agus co-dhùnadh fiosraichte a dhèanamh a thaobh cò dha a bhòtas iad.

Tha craolaidhean poilitigeach pàrtaidh nam prògraman goirid air telebhisean no rèidio (timcheall air 5-10 mionaidean) air an dèanamh le pàrtaidh poilitigeach gus na poileasaidhean aca a shanasachadh agus feuchainn ri bhòtaichean a chosnadh.

Tha dòighean iomairt eile a' toirt a-steach bileagan, postairean, sluagh-ghairmean, grafaigean-fiosrachaidh, sanasan bhioral, meadhanan sòisealta, canbhasadh bho dhoras gu doras, canbhasadh air fòn agus carbadan le glaothairean. Tha na modhan sin uile air an dealbhadh gus teachdaireachd a' phàrtaidh phoilitigich a chur an cèill do uimhir de luchd-bhòtaidh sa ghabhas an dòchas a' bhòt aca a bhuannachadh air latha an taghaidh.

BPAan

Tha ochd BPA aig a h-uile duine ann an Alba gus an riochdachadh. Tha aon BhPA ag obair ann an sgìre-taghaidh (sgìre ionadail) agus tha na seachd BPA eile ag obair anns an roinn.

Bidh BPA a' dèanamh grunn obraichean, nam measg:

- Coinneachadh ri daoine ionadail gus beachdachadh air cùisean san sgìre ionadail
- Gabhail pàirt ann an coinneamhan comataidh
- Deasbad anns an t-Seòmar Deasbaid
- Gabhail pàirt ann an Àm nan Ceistean uair san t-seachdain anns an t-Seòmar Deasbaid gus daoine ann an riaghaltas na h-Alba a cheasnachadh mu chùisean làithreach
- Gabhail pàirt ann an Gnothach làitheil

Pàrtaidhean poilitigeach

Tha fiosrachadh air làraich-lìn phàrtaidhean poilitigeach mun smaoineachadh a bheir buaidh air na poileasaidhean aca. Tha buill thaghte aig na pàrtaidhean poilitigeach seo ann am Pàrlamaid na h-Alba an-dràsta:

- Libearalaich Deamocrataich na h-Alba
- Pàrtaidh Làbarach na h-Alba
- Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (SNP).
- Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba
- Pàrtaidh Uaine na h-Alba

Faic làrach-lìn Phàrlamaid na RA airson làn liosta de na pàrtaidhean poilitigeach a tha air an riochdachadh ann am Pàrlamaid na RA².

¹ <https://www.parliament.uk/>

² <http://www.parliament.uk/mps-lords-and-offices/government-and-opposition1/>

An co-theacsa poiliteagach

Tha Pàrlamaid na h-Alba mar aon de cheithir sreathan de riaghaltas a bhios a' dèanamh cho-dhùnaidhean a bheir buaidh air ar beatha làitheil ann an Alba. Anns na h-earrainnean a leanas, faigh a-mach mun cho-theacsa anns a bheil Pàrlamaid na h-Alba ag obair agus na prìomh bhuidhnean eile a tha a' toirt buaidh oirnn.

Riaghaltas ionadail

Tha 32 comhairlean ionadail ann an Alba (ris an canar ùghdarrasan ionadail cuideachd). Tha gach comhairle air a dhèanamh suas de chomhairlichean a tha air an taghadh gach ceithir bliadhna le daoine a tha a' fuireach san sgìre comhairle aca.

Tha an àireamh de chomhairlichean eadar-dhealaichte eadar sgìrean comhairle agus tha meud nan sgìrean comhairle eadar-dhealaichte.

Tha e an urra ri comhairlean air feadh na h-Alba na buidseatan aca a riaghladh agus raon farsaing de sheirbheisean poblach a libhrigeadh a' toirt a-steach taigheadas, foghlam sgoile agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, seirbheisean cur-seachad agus leabharlann, seirbheisean obair shòisealta, rathaidean agus riaghladh sgudail.

Pàrlamaid na RA

Bidh Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte a' dèanamh agus ag atharrachadh laghan, agus a' stèidheachadh chùisean airson muinntir Shasainn, na h-Alba, na Cuimrigh agus Èirinn a Tuath.

Tha Pàrlamaid na RA stèidhichte ann an Westminster, ann am meadhan Lunnainn. Tha Pàrlamaid na RA eadar-dhealaichte bho Riaghaltas na RA.

Tha cumhachd aig Pàrlamaid na RA gus laghan ùra a dhèanamh agus seann fheadhainn atharrachadh. Bidh e cuideachd a' deasbad cùisean an latha agus a' sgrùdadh na tha an Riaghaltas a' dèanamh.

Tha trì pàirtean ann am Pàrlamaid na RA:

- Is ann an Taigh nan Cumantan a bhios Buill Pàrlamaid taghte (BP) a' suidhe. Bidh sinn a' bhòtadh airson ar BP ann an taghadh coitcheann. Tha a' chumhachd phoilitigeach as motha aig a' phàirt seo de Phàrlamaid na RA.
- Chan eil buill de Thaigh nam Morairean air an taghadh ach air an ainmeachadh leis a' Phrìomhaire agus gan cur an dreuchd leis a' mhonarc, a' Bhanrigh an-dràsta.
- Bidh am monarc a' fosgladh agus a' dùnadh na Pàrlamaid gach seisean pàrlamaideach agus an dèidh taghadh coitcheann ag iarraidh air na riochdairean taghte an riaghaltas a chruthachadh. Tha am monarc gu h-oifigeil a' cur ainm ris na laghan air fad a bhios a' Phàrlamaid a' dèanamh.

Tha Pàrlamaid na RA air cuid de na cumhachdan aice a thiomnadh do bhuidhnean nàiseanta is roinneil eile. Ann an Alba, mar eisimpleir, tha Pàrlamaid na h-Alba air buill a thaghadh (BPA - Buill Pàrlamaid na h-Alba³) a bhios a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson na h-Alba. Tha na seanaidhean aca fhèin aig a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath.

Tha Pàrlamaid na RA fhathast a' dèanamh mòran cho-dhùnaidhean a bheir buaidh air Alba. Canar cùisean glèidhte riutha sin agus tha iad a' toirt a-steach dìon, poileasaidh cèin, na feachdan armaichte agus an siostam shochairlean.

Às dèidh Reifreann na h-Alba airson Neo-eisimeileachd san t-Sultain 2014, tha Bile na h-Alba⁴ a' dol tron Phàrlamaid. Tha tiomnadh tuilleadh chumhachdan gu Alba na chuspair deasbaid leantainneach. Bidh am pàrtaidh poiliteagach a bhuannaicheas na seataichean as motha ann an taghadh coitcheann na RA a' feuchainn ris an riaghaltas a chruthachadh agus, ma shoirbhicheas leis, bidh ceannard a' phàrtaidh a bhuannaicheas an uair sin na Phrìomhaire. Bidh am Prìomhaire a' stiùireadh a' Chaibineit agus ag ainmeachadh mhinistearan. Bidh na ministearan sin os cionn roinnean riaghaltais, agus bidh iad a' ruith agus a' leasachadh sheirbheisean agus poileasaidhean poblach.

³ <http://www.gov.scot/About/People/Ministers>

⁴ <http://services.parliament.uk/bills/2015-16/scotland.html>

Tha raon fiosrachaidh agus stuthan air làrach-lìn Phàrlamaid na RA.

<http://www.parliament.uk/>

Bidh Seirbheis Foghlaim na Pàrlamaid a' cumail raon de gheamannan agus de ghnìomhachd eadar-obrachail do sgoilearan gus barrachd ionnsachadh.

<http://www.parliamentgames.co.uk/>

Tha pasgan ghoireasan foghlaim an-asgaidh aig Comann Hansard a dh'fhaodar òrdachadh air-loidhne. <https://www.hansardsociety.org.uk/>

Pàrlamaid na Roinn Eòrpa

Chaidh bunait an Aonaidh Eòrpaich a chruthachadh às dèidh an Dàrna Cogaidh gus co-obrachadh eaconamach a bhrosnachadh agus cuideachadh le rèiteachadh. Tha e air fàs gu bhith na chom-pàirteachas eaconamach is poilitigeach eadar Ball-stàitean Eòrpach, le Croatia a' dol na 28mh ball ann an 2013. Tha buill fhathast gan cur ris mar a bhios iomchaidh.

Tha Pàrlamaid na Roinn Eòrpa a' riochdachadh dhaoine a tha a' fuireach ann am Ball-stàitean an Aonaidh Eòrpaich. Tha buill de Phàrlamaid na h-Eòrpa (BPE) air an taghadh a h-uile còig bliadhna le luchd-bhòtaidh thar gach Ball-stàite.

Còmhla ri Comhairle nam Ministearan, a tha a' riochdachadh nam Ball-stàitean, bidh Pàrlamaid na Roinn Eòrpa a' dèanamh laghan ùra air mòran raointean poileasaidh a bheir buaidh air a h-uile duine a tha a' fuireach san Aonadh Eòrpach. Tha iad sin a' toirt a-steach dìon na h-àrainneachd, còraichean luchd-ceannaich, co-ionannachd chothroman, còmhhdail, agus gluasad saor luchd-obrach, calpa, seirbheisean agus bathar.

Tha cumhachd aig Pàrlamaid na h-Eòrpa cuideachd, an co-bhonn ri Comhairle nam Ministearan, thairis air buidseat bliadhnail an Aonaidh Eòrpaich, a' sgrùdadh obair a' Choimisein Eòrpaich, buidheann gnìomh an AE, agus a' taghadh Ceann-suidhe a' Choimisein.

Cànan pàrlamaideach

Fiosrachadh agus gnìomhan gus do chuideachadh le bhith a' leasachadh tuigse luchd-ionnsachaidh air a' chànan a tha air a chleachdadh ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Abairtean cumanta sa Phàrlamaid

Tha an clàr seo a' mineachadh cuid de na teirmean làitheil a thathas a' cleachdadh sa Phàrlamaid. Tha an liosta cuideachd ri fhaighinn mar luchdachadh sìos fa leth, airson a chleachdadh le luchd-ionnsachaidh.

Facal no abairt	Mineachadh
Bile	Seata de mholaidhean a dh'fhaodadh a dhol nan lagh, ma dh'aontaicheas a' Phàrlamaid.
Sgìre-taghadh	Tha an dùthaich air a roinn ann an diofar sgìrean-taghadh airson taghadh. Tha gach sgìre-taghadh a' taghadh BPA airson coimhead às a dhèidh.
Deasbad	Còmhradh foirmeil a thèid a chumail eadar na BPA ann an Seòmar Deasbaid na Pàrlamaid. Ann an deasbad tha argamaidean bho dhiofar bheachdan gan cur air adhart. Gu tric bidh bhòt aig an deireadh.
BPAan	Buill de Phàrlamaid na h-Alba. Na daoine a chaidh a thaghadh airson frithealadh ri agus riochdachadh muinntir na h-Alba anns a' Phàrlamaid. Tha 129 BPA ann.
BPA Sgìre-taghadh	Tha na BPA sin air an taghadh gus aon sgìre-taghadh shònraichte a riochdachadh ann an Alba. Tha 73 dhiubh ann.
BPA Roinneil	Tha na BPA sin air an taghadh le siostam riochdachaidh co-roinneil. Tha 56 BPA roinneil ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha na h-aon dhleastanasan orra ri BPA sgìreil, ged a tha iad a' còmhdach raointean nas motha.
Riochdaich	Gus a bhith ag obair às leth cuideigin eile. Tha BPA a' riochdachadh nan daoine a tha a' fuireach san sgìre far an deach an taghadh.
Riaghaltas na h-Alba	Tha Riaghaltas na h-Alba air a stèidheachadh leis a' phàrtaidh no na pàrtaidhean aig a bheil mòr-chuid de shuidheachain anns a' Phàrlamaid. Tha e a' toirt a-steach am Prìomh Mhinistear agus Caibineat de Mhinistearan aig a bheil dleastanasan sònraichte, m.e. Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Ionnsachadh Fad-beatha.
Sgrùdadh	Nuair a bhios BPA a' faighneachd cheistean agus a' cumail sùil air an Riaghaltas. Bidh iad cuideachd a' sgrùdadh bhilean a' dol tron Phàrlamaid.

Deamocrasaidh

Dè th' ann an deamocrasaidh?

Tha am facal deamocrasaidh a' tighinn bhon chànan Ghrèigeach agus a' ciallachadh riaghladh leis na daoine. Is e am mineachadh ùr-nodha air deamocrasaidh siostam riaghaltais far am faigh na daoine air co-dhùnadh ciamar a bu chòir an dùthaich, an stàit no a' choimhearsnachd aca a ruith.

Is e siostam ris an canar deamocrasaidh riochdachail a th' ann an Alba, far a bheil a h-uile duine an sàs anns a' phròiseas co-dhùnaidh agus daoine a' taghadh riochdairean gus bruidhinn agus co-dhùnaidhean a dhèanamh às an leth. Tha seo air a dhèanamh tro thaghadh far am bi daoine a' bhòtadh airson an riochdaire a tha iad ag iarraidh.

Còir bhòtaidh

Tha grunn chòraichean agus dhleastanasan aig daoine àbhaisteach nuair a tha iad a' fuireach ann an deamocrasaidh. Tha a' chòir aca bhòtadh. Ann an Alba tha seo a' ciallachadh gu bheil cothrom aig a h-uile duine nas sine na 16 agus air a' chlàr bhòtaidh tagraichean a thaghadh a tha iad a' smaoinichadh a b' fheàrr a riochdaicheadh iad aig ìre ionadail agus nàiseanta. Bidh ge bith cò a thèid a thaghadh leis na daoine a' dèanamh laghan agus phoileasaidhean airson an riaghaltais. Tha e an urra ris na daoine a thighinn a-mach agus bhòtadh aig an stèisean bhòtaidh ionadail aca (gu tric talla-baile no sgoil) agus gabhail ri toradh an taghadh. Feumaidh taghaidhean a bhith saor agus air an cumail aig amannan cunbhalach. Anns an RA tha seo a h-uile 5 bliadhna, ann an Alba a h-uile 4 bliadhna agus san EU a h-uile 5 bliadhna.

Saorsa chatharra

Is e feart cudromach eile de dheamocrasaidh a' chòir air saorsa chatharra. Tha còir aig daoine air saorsa labhairt, saora faireachdainn a chur an cèill agus saorsa fiosrachaidh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cead aig daoine am beachdan a thoirt seachad air cùis sam bith a thogras iad a' toirt a-steach dè cho math 's a tha an riaghaltas a' dèanamh an cuid obrach. Ach, airson seo a chumail ceart feumaidh daoine an fhirinn innse agus gun a bhith ri claon-bhreith an aghaidh dhaoine de dhiofar eachdraidh, tùsan cinnidh, taobhadh feise no creideamh. Tha a' chòir aig daoine cuideachd a dhol nam ball de chomann sam bith a thogras iad, agus fhàgail, agus eadhon am pàrtaidh poilitigeach aca fhèin a chruthachadh.

Buidhnean tagraidh

Tha buidhnean tagraidh cuideachd cumanta ann an deamocrasaidh. Tha seo a' ciallachadh gum faod daoine a tha a' creidsinn san aon chùis a thighinn còmhla ann am buidheann airson cuideam a chur air an riaghaltas agus atharrachaidhean a chur an sàs no rudeigin a dhèanamh. Tha a' chòir aca fianais a thogail agus an teachdaireachd aca a chur air beulaibh a' phobaill tro na meadhanan. Gus a' chòir seo a ghleidheadh feumaidh iad cumail ris an lagh le bhith a' cleachdadh dhòighean neo-ainneartach airson iomairt. Tha Amnesty International, Oxfam agus SSPCA uile nan eisimpleirean de bhuidhnean tagraidh.

Riaghladh an lagh

Is e taobh eile de dheamocrasaidh riaghladh an Lagh. Feumaidh a h-uile duine na h-aon riaghailtean a leantainn agus chan eil duine os cionn an Lagh. Ann am faclan eile, tha an Lagh àrd-uachdaranach agus tha a h-uile duine co-ionnan fodha. Mar sin tha neo-eisimeileachd an t-siostam laghail bhon riaghaltas deatamach ann an deamocrasaidh gus dèanamh cinnteach à cothromachd agus gum bi ceartas air a riarachadh gu cothromach.

Tha roghainn de phàrtaidhean poilitigeach cuideachd nam prìomh phàirt de dheamocrasaidh. Tha e cudromach gum bi diofar roghainnean aig daoine. Feumaidh pàrtaidh dùbhlanaich eagraichte a bhith ann cuideachd gus an riaghaltas taghte a chumail bho bhith na dheachdaire. Tha seo a' ciallachadh gum bi am pàrtaidh poilitigeach leis a' mhòr-chuid den bhòt na riaghaltas agus pàrtaidh poilitigeach le beag-chuid bhòt na phàrtaidh dùbhlanaich. Is e an obair aca sùil gheur a chumail air modhan agus poileasaidhean an riaghaltais. Tro seo, feumaidh an riaghaltas laghan a dhèanamh agus poileasaidhean a dhealbhadh a tha gu leas a' phobaill.

Deasbad

Bidh cothroman cunbhalach airson deasbad agus deasbaireachd anns gach raon den churraicealam a' cuideachadh le bhith a' leasachadh sgilean smaoineachaidh breithneachail agus misneachd ann a bhith a' bruidhinn agus ag èisteachd thar ionnsachadh air fad. Tha deasbadaan structarail agus deasbaireachd cuideachd air leth èifeachdach airson a bhith a' beachdachadh air diofar argamaidean, a' toirt dùbhlanaich do bheachd, agus a' comasachadh chùisean làithreach agus, is dòcha, connspaideach san t-seòmar-sgoile.

Faodaidh deasbad a bhith ann an diofar chruthan. Bidh deasbad structarach a' cumail ri riaghailtean sònraichte leithid stoidhle deasbaid na pàrlamaid le dùbhlanaich sònraichte, moladh agus gluasad. Faodaidh deasbad a bhith neo-fhoirmeil cuideachd. Faodaidh seo a bhith a' toirt a-steach deasbad 'lòidhne' no 'deasbad bailiùn'. Bidh clubaichean deasbaid gu tric a' cleachdadh an 'deasbad bailiùn' aig àm na Nollaige, mar eisimpleir, agus bidh iad ag iarraidh air an luchd-ionnsachaidh mineachadh carson a bu chòir caractaran sònraichte Nollaige fuireach 'anns a' bhailiùn'.

Tha ro-innleachdan eile a' toirt a-steach **an dòigh-obrach 'dìreach mionaid'**, a tha ri fhaicinn air BBC Radio 4. Faodaidh luchd-obrach roghnachadh aon mhionaid a thoirt don luchd-ionnsachaidh aca gus beachdachadh air cuspair agus faodaidh iad riaghailtean sònraichte a shuidheachadh a' toirt a-steach nach fhaodar ath-aithris a dhèanamh, stad no gluasad bhon chuspair stèidhichte.

Tha Arun, farpaiseach òg Just a Minute, a' mineachadh na tha ceàrr air pònairean edamame air BBC Radio 4 'Just a Minute': <http://www.bbc.co.uk/programmes/p02vhld1>.

Stòrasan deasbaid

English Speaking Union Scotland (ESU Alba) Tha eachdraidh fhada aig ESU Alba a' cur farpaisean deasbaid sgoile air dòigh, bùthan-obrach deasbaid a' lìbhrigeadh phròiseactan com-pàirteachaidh do sgoiltean agus tidsearan.

<http://www.esuscotland.org.uk/index.htm>

Tha **Speak Up Scotland!** a' toirt taic do thidsearan agus sgoilearan gus rannsachadh agus deasbad a dhèanamh air cuspairean saidheans adhartach anns an t-seòmar-sgoile.

<http://speakupscotland.squarespace.com/>

Bidh **Comann Lagha na h-Alba** a' cur Farpais Deasbaid Cuimhneachaidh Dhòmhnail Mhic an Deòir air dòigh airson àrd-sgoiltean. <http://www.lawscot.org.uk/education-and-careers/schools/the-donald-dewar-memorial-debating-tournament/>

Tha **Street Law** na phrògram brosnachail a tha a' cur oileanaich lagha gu clasaichean gus sgrùdadh a dhèanamh air an eòlas agus na sgilean as urrainn do dh'oileanaich a chleachdadh gus duilgheadasan laghail aithneachadh, a chasg agus (ann an cuid de chùisean) fhuasgladh. <http://www.lawscot.org.uk/education-and-careers/schools/street-law/>

Bidh **Debating Matters** a' cur air dòigh farpais deasbaid bhliadhnail airson sgoilearan àrd-sgoile. Tha seata farsaing de stiùiridhean cuspair aca. <http://www.debatingmatters.com/topicguides/>

Tha **Into Film** air liostaichean film a chruthachadh airson bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean airson an cleachdadh mar bhrosnachadh deasbaid mu dheamocrasaidh.

<http://www.filmclub.org/whats-new/details/2309/election-2015-debate-about-democracy-with-these-films>

'S e sitcom teaghlaich surreal bhon BhBC a th' ann am **Pantocracy**, a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus smaoinichadh air ciamar a tha deamocrasaidh ag obair. Tha na sia earrannan 10-mionaid seo nan toiseach leasain sàr-mhath airson bun-sgoiltean a bhith a' sgrùdadh agus a' deasbad air cùisean deamocratach.

<http://www.bbc.co.uk/programmes/p01mv8m3/clips>

Deasbaireachd

Faodaidh deasbaireachd a bhith ann an diofar chruthan, a gabhail a-steach:

- smaoinich, theirig ann am paidhir, roinn ro-innleachdan
- ùine smaoinichidh fa leth a' leantainn gu deasbaireachd buidhne
- deasbaireachd sa chlas gu lèir mu raon ionnsachaidh
- dòighean ionnsachaidh co-obrachail
- àrd-sgilean smaoinichidh agus seòrsachadh Bloom
- feallsanachd ann am foghlam

Tha deasbaireachd deatamach ann a bhith a' leasachadh sgilean litearrachd phoilitigeach oir leigidh e le luchd-ionnsachaidh na tha iad a' creidsinn a chur an cèill agus ionnsachadh bho bheachdan chàich. Le bhith a' dèanamh seo fàsaidh luchd-ionnsachaidh fiosraichte a thaobh nan co-dhùnidhean a tha romhpa. Bu chòir do luchd-obrach luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gus na sgilean deasbaireachd aca a leasachadh, mar eisimpleir le bhith ag iarraidh orra bruidhinn mu chùisean sònraichte aig an taigh len teaghlaichean, pàrantan no luchd-cùraim. Cuidichidh seo an ceangal eadar an sgoil agus an dachaigh agus cuidichidh e le bhith a' togail dhàimhean air feadh coimhearsnachd na sgoile. Mar eisimpleir, nam biodh luchd-ionnsachaidh a' sgrùdadh àite aonaidhean-ciùird ann an deamocrasaidh, is dòcha gun iarraidh luchd-obrach orra bruidhinn rim pàrantan no an luchd-cùraim agus faighneachd dè na h-eòlasan a th' aca mu aonaidhean-ciùird agus a bheil iad nam buill de gin. Faodaidh seo cuideachadh le còmhradh agus deasbaireachd bheirteach leis a' chlas gu lèir.

Àrd-sgilean smaoinich agus seòrsachadh ath-nuadhaichte Bloom

Tha **seòrsachadh ath-nuadhaichte Bloom** ag adhartachadh ceasnachadh èifeachdach, a' cruthachadh tuigse nas doimhne ann an luchd-ionnsachaidh. Tha ceistean 'cuimhneachaidh' agus 'tuigsinn' nan ceistean nas ìsle a bhios mar as trice a' feumachdainn freagairt litireil. Aig ceann shuas seòrsachadh Bloom, tha ceistean 'cruthachaidh' agus 'luachaidh' a' toirt dùbhlann nas motha agus a' brosnachadh smaoinich nas neo-eisimeilich. <http://www.educationscotland.gov.uk/resources/s/skillsinpractice/developingthinkingskills.asp>

Tha **Thunks** a' tighinn bhon 'The Little Book of Thunks' agus is e ceistean neònach a th' anna gus toirt air sgoilearan smaoinich agus a dhol an sàs ann an deasbad. Faodar an cleachdadh agus an leasachadh bhon sgoil-àraich air adhart. Tha làrach-lìn Thunks a' tabhann mòran cheistean air diofar chuspairean. <http://www.thunks.co.uk/>

Tha **Feallsanachd airson Sgoiltean** a' tabhann dòigh air ionnsachadh na cloinne fhosgladh tro cheasnachadh agus rannsachadh bheachdan. Bidh clann ag ionnsachadh gu bheil luach anns na beachdan aca, agus gu bheil luach ann am beachdan cloinne eile cuideachd. Tro Feallsanachd airson Sgoiltean, tuigidh oileanaich nach fheum iad a bhith ceart an-còmhnaidh, ach gheibh iad misneachd gus ceistean fhaighneachd agus ionnsachadh tro dheasbad. www.philosophyforschools.co.uk

Meadhanan sòisealta

Tha mòran dhaoine den bheachd gur e taghadh Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte ann an 2008 a' chiad 'thaghadh mheadhanan sòisealta'. Chleachd Barack Obama lìonraidhean mheadhanan sòisealta na b' èifeachdaiche na neach-poilitigs riamh roimhe. Dh'ionnsaich 24 sa chiad de dh'Aimearaganaich mun iomairt aige tron Eadar-lìon, faisg air dà uiread an 14 sa chiad ceithir bliadhna na bu tràithe. Rannsaich mar a tha na meadhanan sòisealta a' sìor fhàs nas cudromaiche do dheasbad is deasbaireachd phoilitigeach, gu h-àraidh do dhaoine òga.

Pàrlamaid anns na meadhanan sòisealta

Bidh luchd-poilitigs a' cleachdadh mheadhanan sòisealta (leithid Facebook, Twitter agus YouTube) gus earbsa agus dilseachd luchd-bhòtaidh a bhuannachd. Agus airson an fheadhainn a tha nan aghaidh a chàineadh is a chronachadh. Bidh iad cuideachd a' dèanamh anailis air na tha daoine ag ràdh mun deidhinn air-loidhne faic an aithisg seo a thàinig bho Ipsos MORI o chionn ghoirid, a sheall ri cleachdadh nam meadhanan sòisealta ann an Taghadh Phàrlamaid na h-Alba ann an 2011.

Seanailean mheadhanan sòisealta pàrlamaideach:

Pàrlamaid na RA - RSS feed

<http://www.parliament.uk/site-information/rss-feeds/>

Pàrlamaid na RA – Seanail YouTube

<https://www.youtube.com/ukparliament>

Pàrlamaid na h-Alba air Twitter – Faic sruth Twitter Phàrlamaid na h-Alba agus/no lean Pàrlamaid na h-Alba air Twitter.

<https://twitter.com/scotparl>

Pàrlamaid na h-Alba air Facebook – Faigh fios mu naidheachd phàrlamaideach tro dhuilleag Facebook Phàrlamaid na h-Alba.

<https://www.facebook.com/scottishparliament>

A' cleachdadh nam meadhanan sòisealta gus litearrachd phoilitigeach a leasachadh

Rinn an Dr Mark Shephard bho Oilthigh Shrath Chluaidh rannsachadh air ùrlaran mheadhanan sòisealta ann an iomairt Reifreann air Neo-eisimeileachd na h-Alba. Sheall an rannsachadh aige cho cudromach 's a bha dol an sàs anns na meadhanan sòisealta gu breithneachail agus le modh is spèis do chàch. Sheall e na '6 Fs' air am feum luchd-cleachdaidh nam meadhanan sòisealta a bhith mothachail nuair a bhios iad a' postadh agus a' luachadh bheachdan agus fiosrachadh anns na dòighean seo.

Seall ri Mark a' cur thairis a bheachdan air TED Ed: <http://ed.ted.com/on/EMKPkQQ1>

Leugh blog Mark: 'Do's and don'ts: a guide to getting involved in the online referendum debate':

<http://www.centreonconstitutionalchange.ac.uk/blog/dos-and-donts-guide-getting-involved-online-referendum-debate>.

A' tuigsinn rannsachadh air beachdan a thaobh Reifreann na h-Alba air Neo-eisimeileachd 2014: Chaidh am pròiseact seo a mhaoineachadh leis a' Chomhairle Rannsachadh Eaconamach is Sòisealta (ESRC) agus air a dhèanamh le luchd-rannsachaidh san Lionra Uimhireil Dhòighean Gnìomhach (AQMeN)⁵. Tha na stuthan a' cuimseachadh air ceistean mu chom-pàirteachadh agus beachdan poilitigeach dhaoine òga ann an dòigh a tha buntainneach taobh a-muigh an reifreinn. Is ann do thidsearan sgoile a chaidh na stuthan a dhealbhadh agus tha iad rim faighinn an-asgaidh.

Stuthan teagaisg AQMeN – Faigh an làn stòras, agus faic fiosrachadh mu na cuspairean a th' anna.
<http://aqmen.ac.uk/Resources/IndyRef/TeachingMaterials>

Reifreann air Neo-eisimeileachd na h-Alba – Gheibhear fiosrachadh cuideachd mun rannsachadh a rinneadh mar phàirt den phròiseact seo ro reifreann 2014 air neo-eisimeileachd na h-Alba.
<http://aqmen.ac.uk/research/referendum>

Tha grunn roinnean Nuadh-eòlais a' cleachdadh mheadhanan sòisealta airson ceangal ri luchd-ionnsachaidh. Lean na sgoiltean seo air Twitter:

- Àrd-sgoil St John's, Dùn Dè - <https://twitter.com/stjohnsmodstuds>
- Àrd-sgoil Sruighlea - https://twitter.com/SHS_Mods
- Acadamaidh Bridge of Don, Obar Dheathain - <https://twitter.com/BoDAMods>
- Àrd-sgoil Leth Pheairt - https://twitter.com/LHS_ModStuds
- Our Lady's High School, Comar nan Allt - <https://twitter.com/olhsmodstuds>
- Àrd-sgoil Inbhir Ùige - <https://twitter.com/olhsmodstuds>
- Àrd-sgoil Gracemount, Dùn Èideann - <https://twitter.com/GHSMModStudies>

Còraichean-lìn

Bha pròiseact Co-fhlaitheas Didseatach a ruith Oilthigh Taobh Siar na h-Alba a' toirt taic do sgoiltean gus meadhanan sòisealta a chleachdadh agus sgilean litearrachd mheadhanan didseatach a leasachadh. Rinneadh seo tro shreath bhùithtean-obrach sgoile, a' cleachdadh teicneolas a gheibhear gu furasta, gus sgoilearan a chuideachadh ag innse an sgeul fhèin ann am blogaichean, bhidio, fuaim agus meadhanan sòisealta.

Tha iad air Leabhar-làimhe Seanchas Didseatach air leth feumail a chruthachadh, anns a bheil smuaintean mu chleachdadh bhlogaichean, bhidio, fuaim agus meadhanan sòisealta airson seanchas didseatach ann an co-theacsa sam bith. <http://digitalcommonwealth.co.uk/2014/09/18/handbook-of-digital-storytelling/>

Seall ris a' phrìomh thaisbeanadh a' luachadh agus a' meòrachadh air a' phròiseact.
<https://www.youtube.com/watch?v=xF7NI60FycM>

Is e iomairt comann catharra a th' ann an Còraichean-lìn a tha airson an saoghal didseatach a dhèanamh na àite soilleir do chlann is daoine òga (fo aois 18) far a bheil iad air an cumhachdachadh le bhith a' lìbhrigeadh frèam-obrach coitcheann chòirichean didseatach, gus am faigh daoine òga cothrom cruthachail, fiosrach, dàna air teicneolasan didseatach.

Tha an iomairt a' stèidheachadh còig Còraichean-lìn :

1. Còir gluasaid
2. Còir air fios
3. Còir air sàbhailteachd is taic
4. Coir air roghainnean a dhèanamh gu fiosrach, mothachail
5. Coir air litearrachd dhidseatach

⁵ <http://aqmen.ac.uk/>

Com-pàirteachadh

Tha com-pàirteachadh ann an deamocrasaidh na phàirt dheamach de bhith a' toirt cumhachd do dhaoine òga a bhith nan saoranaich ghnìomhach agus earbsach. Tha dol an sàs le pròiseasan deamocratach agus measgachadh de chùisean saoranachd, an dà chuid gu h-ionadail agus air feadh na cruinne, a' cruthachadh nan co-theacsan airson luchd-ionnsachaidh a bhith a' cleachdadh agus a' leasachadh an sgilean litearrachd phoilitigich.

Dè th' ann an com-pàirteachadh?

Tha com-pàirteachadh ann an deamocrasaidh na phàirt dheamach de bhith a' toirt cumhachd do dhaoine òga a bhith nan saoranaich ghnìomhach agus earbsach. Tha dol an sàs le pròiseasan deamocratach agus measgachadh de chùisean saoranachd, an dà chuid gu h-ionadail agus air feadh na cruinne, a' cruthachadh nan co-theacsan airson luchd-ionnsachaidh a bhith a' cleachdadh agus a' leasachadh an sgilean litearrachd phoilitigich. Tha seo cuideachd a' toirt taic do phrìomh phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais: a' toirt taic do chlann is dhaoine òga gu lèir gus misneachd agus sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a leasachadh.

Bidh cha mhòr a h-uile sgoil a' toirt luchd-ionnsachaidh an sàs anns a' phròiseas dheamocratach tro bhuidhnean mar Chomhairlean Sgoilearan agus comataidhean Eco. Tha barrachd an lùib com-pàirteachaidh na dìreach gabhail pàirt. Tha èisteachd, roinn eòlasan agus ionnsachadh bho chèile na phàirt dheth cuideachd. Is e conaltradh leantainneach a th' ann le clann is daoine òga a tha a' cur luach nam beachdan air cùisean a tha cudromach dhaibh agus a bhios a' dèanamh èisteachd is meòrachadh air na beachdan aca nuair a bhios sinn a' dèanamh cho-dhùnidhean a bheir buaidh orra.

Tha Alt 12 de Chùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (UNCRC) ⁶ ag ràdh gu bheil 'còir agad air do bheachdan agus gum faigh iad èisteachd.'

Tha co-theacs brioghmhor airson neartachadh guth luchd-ionnsachaidh a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh co-dhùnidhean fìor-bheatha a dhèanamh agus buaidh a thoirt air atharrachadh. Bidh gabhail pàirt ann an iomairtean no comataidhean sgoile, mar eisimpleir, a' cuideachadh le bhith a' leasachadh sgilean conaltradh làidir agus ìmpidheach. Bidh daoine òga cuideachd ag ionnsachadh urram a thoirt dha chèile agus a bhith a' riochdachadh a chèile gu cothromach.

Tha com-pàirteachasan cudromach airson com-pàirteachadh oir tha iad a' leudachadh sheallaidhean agus a' tabhann eòlasan ùra fìor-bheatha. Faodaidh cleachdadh èifeachdach a bhith a' toirt a-steach tadhal bho BhP, BPA agus comhairlichean; bùthan-obrach agus pròiseactan cruthachail le carthannais agus buidhnean treas roinne; agus com-pàirteachadh ann am pròiseactan coimhearsnachd ionadail.

Tha na '7 Prìomh Riaghailtean airson Com-pàirteachadh' bho Choimiseanair Cloinne is Dhaoine Òga na h-Alba na ghoireas luachmhor airson a bhith a' meòrachadh air cleachdaidhean làithreach agus a' leasachadh tuilleadh chothroman airson ceannardas luchd-ionnsachaidh, com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh agus guth luchd-ionnsachaidh a tha an dà chuid làidir agus brioghmhor. <http://www.cypcs.org.uk/education/golden-rules>

Ionnsachadh proifeiseanta

Tha grunn stòrasan ionnsachadh proifeiseanta ann an suidheachadh sgoile is coimhearsnachd. Dh'fhaodte an cleachdadh cuideachd gus pàrantan, luchd-glèidhidh agus luchd-cùraim a thoirt an lùib a' chòmhradh. **Ceangalan ionnsachaidh fad-beatha leantaileach an taobh a-muigh**

Pàrlamaid na h-Alba – Cothroman ionnsachaidh proifeiseanta

Bidh sgioba foghlaim na Pàrlamaid a' tabhann sheiseanan trèanaidh air feadh na bliadhna do luchd-teagaisg an dà chuid ann an togalach na Pàrlamaid agus àiteachan air feadh na h-Alba.

<http://www.parliament.scot/visitandlearn/Education/15203.aspx>

Pàrlamaid na Cloinne

Bidh Pàrlamaid na Cloinne a' tabhann prògram trèanaidh is leasachaidh ann an còirichean is com-pàirteachadh do chlann, pàrantan, is luchd-cùraim, luchd-teagaisg is proifeiseantaich is luchd-poileasaidh sheirbheisean cloinne. <http://www.childrensparliament.org.uk/>

⁶ <http://www.cypcs.org.uk/rights/uncrcarticles/article-12>

Pàrlamaid na RA - Cothroman CPD

Tha Seirbheis Foghlaim na Pàrlamaid a' libhrigeadh trèanadh is taic do dh'oileanaich teagaisg agus luchd-teagaisg chuspairean co-cheangailte ri litearrachd phoilitigeach.

<http://www.parliament.uk/education/teacher-training-cpd-opportunities/>

Pàrlamaid na Roinn Eòrpa – Bùithtean-obrach ionnsachadh proifeiseanta (Dùn Èideann)

Tha oifis Phàrlamaid na Roinn Eòrpa ann an Dùn Èideann a' tabhann bùithtean-obrach ionnsachadh proifeiseanta do luchd-teagaisg. <http://www.europarl.org.uk/en/edinburgh-office.html>

Foghlam Amnesty – Foghlam chòirichean daonna

Cuidichidh cùrsa trèanaidh chòirichean daonna Amnesty thu a' faighinn eòlas is sgilean gus còirichean daonna a rannsachadh nad sgoil no suidheachadh coimhearsnachd.

<https://www.amnesty.org.uk/get-involved-human-rights-education>

IDEAS airson Saoranachd Chruinneil: Prògram Ionnsachaidh Cruinneil

Bidh Prògram Ionnsachaidh Cruinneil Alba a' tabhann taic phractaigeach, làn mhaoinichte do cho-chruinneachaidhean sgoiltean, sgoiltean fa leth agus luchd-teagaisg gus saoranachd chruinneil a leasachadh thar a' churraicealaim agus tro ghnìomhan tar-sgoile. Tha am prògram ag amas air a h-uile roinn —bun-sgoil, àrd-sgoil (a' gabhail a-steach eadar-ghluasad) agus feumalachdan taice a bharrachd.

<http://www.ideas-forum.org.uk/education/schools/projects/global-learning-programme-scotland>

Foghlam Oxfam – Bùithtean-obrach do sgoiltean

Bidh Oxfam a' tabhann raon bhùithtean-obrach trèanaidh gus sgilean is misneachd a thoirt do luchd-cleachdaidh airson Saoranachd Chruinneil a dhaingnachadh.

<http://www.oxfam.org.uk/education/teacher-support/inset-workshops-for-schools>

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnothachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhùnlàibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330

P-d enquiries@educationscotland.gov.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùn 2016

www.educationscotland.gov.uk

